

# Iùl Sàbhailteachd Teine

**DON'T GIVE FIRE A HOME  
NA TOIR ÀITE DO THEINE**

**Gaelic**



## Cunnart teine

Tha do dhachaigh prìseil dhut. Tha thu ag obair cruaidh airson gum bi i gu do mhiann. Ach tha i ann am barrachd cunnairt o theine na shaoileadh tu.

'S dòcha gun saoil thu nach buail teine ort. 'S dòcha gu bheil thu dhen bheachd gu bheil àrachas agad – tha triùir às gach ceathrar ann an Alba an dùil nach eil an dachaigh ann an cunnart o theine.

Ach an robh fios agad...

- gu bheil thu a dhà uiread nas buailtiche a dhol às an rathad ann an teine taighe ann an Alba na ann an àite sam bith eile ann am Breatainn?
- gu bheil mu 63,000 taigh a' dol na theine san RA gach bliadhna?
- gu bheil mu 500 duine a' call am beatha gach bliadhna agus mu 14,000 air an leòn?

Daoine mar thu fhèin is mi fhèin. 'S dòcha nach do smaoinich iadsan mòran mu theine na bu mhotha.

Bheil thu fhathast dhen bheachd gu bheil gach nì air dòigh agad? Oir glè thric 's ann nuair a tha thu trang – no gun d' aire air rudan – a thòisicheas teine... agus a chailleas cuideigin a bheatha.

**Cuidichidh am measadh cunnairt seo thu gu bhith ag aithneachadh rudan a dh'fhaodadh a bhith cunnartach a thaobh teine na do dhachaigh. Agus far an tèid cunnart a lorg, tha e a' moladh dòigh air dèiligeadh ris.**

## Air feadh an taighe

### C1 A bheil rabhadh toite agad?

Tha Chan eil

Ma bhios teine san taigh, bheir rabhadh toite beagan tìde a bharrachd dhut. Tìde airson teiche. Tìde airson an teaghlach fhaighinn a-mach gu sàbhailte. Tha rabhaidhean toite an-diugh grinn agus falachaidh. Tha iad a' cosg eadar £5 is £8. Chan fheum thu bhith sgileil airson fear a chur an sàs. Ach feumaidh tu bataraidh a chur ann.

### Càit am bu chòir dhomh rabhadh toite a chur?

Ma tha an taigh air fad air an aon ùrlar, cuir air mullach an talla e, eadar an seòmar suidhe agus na seòmraichean cadail. Airson a bhith nas sàbhailte buileach, cuir feadhainn dha na seòmraichean cadail cuideachd. Ma tha barrachd air aon ùrlar san taigh, cuir aonan aig bonn na staidhre agus fear eile air bràigh gach staidhre.

### Feuch a bheil an rabhadh toite ag obair gach seachdain

Ma tha an rabhadh a' bìgeil an-dràsta 's a-rithist, cuir bataraidh ùr ann. Mura bheil an rabhadh ag obair, cuir bataraidh ùr ann. Mura bheil e fhathast ag obair, faigh fear ùr. Cuir bataraidh ùr ann gach bliadhna fiù 's ged a bhiodh e fhathast ag obair. Dèan e air latha air am bi cuimhne agad. Co-latha-breith eile, bataraidh eile – A' Bhliadhn' Ùr, bataraidh ùr. Agus glan a' chèis, a-muigh is a-staigh, uair sa bhliadhna, nuair a chuireas tu ann bataraidh.

### Feumalachdan sònraichte

Tha rabhaidhean sònraichte ann do dhaoine nas sine, agus do dhaoine le ciorraman agus feumalachdan eile.

**C2 A bheil plana agad airson teine?****Tha Chan eil**

Dèan plana teiche airson an taighe an-diugh. Chan fheum thu bhith nad eòlaiche. Dìreach smaoinich mu dheidhinn. Ciamar a gheibheadh a h-uile duine a-mach air an oidhche? Ciamar a gheibheadh tu a' chlann a-mach? Ciamar a dhèanadh an t-seanmhair a' chùis? Innis an uair sin dhan h-uile duine mun phlana. Feuch a-mach dè dhèanadh tu nam biodh teine ann. Dh'fhaodadh tu aithreachas a ghabhail mura dèan thu sin.

**C3 A bheil duine a' smocadh san teaghlach?****Tha Chan eil**

Bi uabhasach faiceallach ma tha thu a' smocadh, gu h-àraidh nuair a tha thu sgìth no ma bha thu ag òl. Feuch gun cuir thu toitein às ann an soitheach-luatha. Agus feuch gum falamhaich thu an soitheach-luatha – Cuir uisge air bunan thoitean mus cuir thu a-mach dhan bhiona iad.

**C4 Am bi coinnlean agad air uaireannan?****Bithidh Cha bhi**

Feuch gun cuir thu iad ann an coinnleanan dòigheil. Feuch nach cuir iad car dhiubh. Feuch nach cuir iad cairtean no aodach a tha faisg orra nan teine. Na fàg gu bràth coinneal a' gabhail gun duine a bhith aice. Ma tha thu a' dol a-mach – no a' dol a chadal – feuch gun cuir thu às na coinnlean.

**C5 Am bi thu a' dearbhadh nam fiùsan air innealan dealain?**

**Bithidh Cha bhi**

'S e inneal sàbhailteachd a tha sa fiùs ann am pluga agus 'diobraidh' e ma thèid càil ceàrr air inneal dealain. Tha sin a' stad an dealain chun an inneil gus nach gabh e teas agus nach tèid e na theine. Feuch gum bi am fiùs ceart air gach inneal:

Fiùs 3 amp	Fiùs 13 amp
lampa/solais leapa tebhisean/rèidio plaide dealain siostam ciùil/bhidio cleoc/coimpiutair	fridse inneal teas coire/tostair inneal nigheadaireachd / tioramachaidh iarann / tiormadair fuilt

\* 's e iùl a-mhàin a tha seo. Coimhead air stiùireadh an luchd-dèanaimh.

**C6 Am bi thu a' cur dheth agus a' toirt a' phluga a-mach à innealan nuair nach eilear gan cleachdadh?**

**Bithidh Cha bhi**

Ma tha càil ceàrr air innealan dealain, faodaidh iad fàs ro theth. Faodaidh sin teine a dhèanamh. Cuir dheth innealan nach eil air an dealbh airson am fàgail air mar TBh, inneal nigheadaireachd agus innealan tioramachaidh agus thoir a-mach am pluga.

**C7 A bheil càballan dealain fo bhrat-ùrlair no brat eile?**

**Tha Chan eil**

Ma tha thu a' coiseachd air uachdar chàballan – fiù 's nuair a tha brat air an uachdar – faodaidh gum mill thu iad. Faodaidh sin teine a dhèanamh.

**C8 A bheil thu a' cleachdadh ath-riochdadairean no sreath-phlugaichean?**

**Tha Chan eil**

Tha ath-riochdadairean a' leigeil leat barrachd air aon inneal a chur ann an soc dealain. Ach ma chuireas tu cus luchd air an ath-riochdair, faodaidh e teine a dhèanamh. Bi cinnteach gu bheil fiùs air an ath-riochdair agus comharra itealaig on *British Electrotechnical Approvals Board*, BEAB. Na cuir gu bràth barrachd air aon ath-riochdair anns gach soc dealain. Na cuir gu bràth cus luchd air ath-riochdair. Cha bu chòir gu bràth gum biodh innealan a tha ceangailte ri ath-riochdair a' cleachdadh barrachd air 13 amps de dhealan gu lèir (co-ionnan ri 3 cilobhuot). Coimhead ann an leabhar iùil an inneil airson fiosrachaidh.

**C9 Am bi thu uair sam bith a' ceangal dà chàball dealain le teip?**

**Bithidh Cha bhi**

Na càirich gu bràth, agus na ath-cheangail, càballan le teip còmhdach-dealain, agus na cleachd ueir-treòrachaidh leudachaidh.

**C10 A bheil lampa àrd air crann no lampa bùird agad le bolgan solais cumhachdach?**

**Tha Chan eil**

Tha a h-uile sgàilean lampa a' comharrachadh na uataigse as motha ann am bolgan solais a dh'fhaodar a chleachdadh gu sàbhailte. Ma chleachdas tu bolgan aig ìre nas àirde, dh'fhaodadh gun gabhadh an sgàilean teas agus gun deigheadh e na theine. Agus na cuir gu bràth còmhdach air uachdar sgàilean lampa.

## **Sa chidsin**

**An robh fios agad gum bi teine sa chidsin ann an aon taigh à deich ann an Alba sna 10 bliadhna a tha romhainn?**

**C11 A bheil thu a' cleachdadh pana sgealban no ola theth Tha Chan eil a' còcaireachd?**

Tha praidhigeadh domhainn – le geir no ola – mar mheadhan air timcheall air 9,500 teine san RA gach bliadhna. Ach cha leigeadh iad sin a leas a bhith ann. 'S e an dòigh as fheàrr air teine a sheachnadh praidhigear-domhainn dealain a chleachdadh air a bheil tearmostat a' cumail smachd. Tha iad sin gu math nas sàbhailte – tha am briseadh sàbhailteachd (an tearmostat) a' cumail smachd air teòthachd geir no ola.

Ma dh'fheumas tu praidhigear-domhainn a chleachdadh, feuch gu bràth nach lìon thu ach trian dheth le geir no ola. Air do bheatha, na coisich air falbh bhuaithe – fiù 's airson tiotan – nuair a tha am pana air teas. Agus na gabh ort, gu bràth sìorraidh, air tòiseachadh air praidhigeadh domhainn, le geir no ola, an dèidh dhut a bhith ag òl deoch làidir.

Ma thèid am pana na theine, na feuch idir, idir ri ghluasad. Na sad gu bràth uisge air geir no ola a tha a' gabhail. Mas urrainn dhut, cuir dheth an teas. An uair sin, cuir searbhadair fliuch air uachdar a' phana airson na lasraichean a mhùchadh. Fan 30 mionaidean gus am fuaraich am pana. Cuir fios daonnan air seirbheis an smàlaidh, fiù 's ged a bhiodh tu dhen bheachd gun do chuir thu às an teine.

**C12 Am bi thu a' grioladh biadh reamhar? Bithidh Cha bhi**

Bu chòir dhut pana na grìosaich a ghlanadh a h-uile turas a chleachdas tu e. Mura dèan thu sin, bidh geir a' cruinneachadh agus dh'fhaodadh i a dhol na teine gu math luath.

**C13 A bheil innealan dealain no càballan faisg air a' chucair?**

**Tha Chan eil**

Faodaidh teas on chucair inneal dealain no càball a mhilleadh agus a chur na theine. Feuch gun cùm thu innealan agus càballan cho fada air falbh on chucair 's gum bi iad sàbhailte.

**C14 Am bi thu uair sam bith a' tioramachadh shearbhadairan faisg air, no air uachdar, a' chucair?**

**Bithidh Cha bhi**

Faodaidh fiù 's searbhadairan a tha cha mhòr tioram a dhol nan teine. Na tioramaich gu bràth sìorraidh searbhadairan faisg air, no air uachdar, a' chucair.

## **An seòmar suidhe**

**C15 A bheil teine fosgailte agad?**

**Tha Chan eil**

Na cleachd uair sam bith leann a thèid na theine – mar connadh barbaiciu – airson an teine a chur thuige. Agus cleachd gèard teine uair sam bith a tha an teine air. Na fàg teine gun ghèard uair sam bith. Na tioramaich aodach air beulaibh an teine. Feuch gum bi àirneis co-dhiù meatair (3 troighean) air falbh on teine. Glan an similear uair sa bhliadhna.

**C16 A bheil sgàthan os cionn an àite-teine?**

**Tha Chan eil**

Ma tha duine a' coimhead san sgàthan, dh'fhaodadh e bhith ro fhaisg air an teine agus aodach tòiseachadh a' gabhail. Cuir an sgàthan am bad-eigin nas sàbhailte.

**C17 A bheil thu a' cleachdadh teasadair gluasadach?**

**Tha Chan eil**

Feuch gum bi na teasadairean co-dhiù meatair (3 troighean) air falbh o stuthan a thèid nan teine mar cathair no aodach. Agus na suidh ro fhaisg air an teasadair – ma chaidleas tu, dh'fhaodadh tu bhith air do losgadh.

## **An seòmar cadail**

**C18 A bheil plaide-dealain agad?**

**Tha Chan eil**

Cùm do shùil air a' phlaide, pluga agus càball gun fhios nach eil càil iad air am milleadh. Ma tha teagamh sam bith ort, na cleachd a' phlaide. Ceangail fo-phlaide gu math ris an leabaidh.

**C19 Am bi thu ga fàgail air nuair a tha thu san leabaidh?**

**Bithidh Cha bhi**

Cùm ri stiùireadh an luchd-dèanaimh. Na fàg plaide-dealain air nuair a tha thu san leabaidh nas lugha na tha e ag ràdh gu bheil i freagarrach airson a bhith air fad na h-oidhche.

**C20 A bheil barantas fhathast agad airson na plaide?**

**Tha Chan eil**

Cha mhair plaide gu bràth. Nuair a theirigeas am barantas – mar as trice an dèidh 3 bliadhna – bu chòir dhut a' phlaide a thoirt dhan luchd-dèanaimh airson sùil a thoirt oirre agus airson a seirbheiseachadh. Ach faic dè na chosgais e. 'S dòcha gum biodh e na bu shaoire plaide ùr a cheannach. Bu chòir am BEAB a bhith air teisteanas a thoirt do phlaide ùir no a bhith air a comharrachadh le BS EN 60907. Tha e nas fheàrr ma tha siostam sàbhailteachd oirre gus nach gabh i cus teas.

**C21 Am bi thu a' smocadh san leabaidh?**

**Bithidh Cha bhi**

Na bi a' smocadh san leabaidh. Idir. Idir. Tha e ro fhurasta a dhol a chadal. Agus dh'fhaodadh nach dùisgeadh tu gu bràth tuilleadh.

## **A' dèanamh cinnteach**

### **Mus tèid thu dhan leabaidh**

- 1 Cuir dheth gach inneal dealain nach eil air a dhealbh airson a bhith air fad na h-oidhche agus thoir am pluga às an t-soc
- 2 Cuir às toitein agus falamhaich soithichean-luatha. Cuir uisge air bunan thoitean mus cuir thu a-mach dhan bhiona iad
- 3 Cuir gèard ri teine fosgailte. Na cuir connadh air an teine mus tèid thu dhan leabaidh
- 4 Cuir dheth teasadairean gluasadach
- 5 Dùin a h-uile doras – dh'fhaodadh sin toit a chumail on t-slighe teiche agus 's dòcha teine a chumail gun sgaoileadh
- 6 Feuch gum bi iuchair a' phrìomh dhorais ri làimh

### **Ma thòisicheas teine**

- 1 Theirig a-mach às an taigh agus fuirich a-muigh. Na cosg tìde a' cruinneachadh rudan prìseil. Tha do bheatha nas prìseile na càil a th' agad.
- 2 Fòn gu seirbheis an smàlaidh. Faodaidh tu fònadh gu 999 an-asgaidh bho fhòn sam bith.
- 3 Na feuch gu bràth ri dhol air ais a-steach dhan taigh gus an can an luchd-smàlaidh gu bheil e sàbhailte

### **Mura faigh thu a-mach**

- 1 Cuir a h-uile duine dhan aon sheòmar (fear le fòn, ma ghabhas). Ach na fosgail idir doras ma tha e blàth fo do làimh
- 2 Nuair a tha a h-uile duine san t-seòmar, cuir aodach, cuiseanan, cluasagan no searbhadair timcheall an dorais airson an toit a chumail a-mach
- 3 Fosgail uinneag agus tòisich ag èigheachd gus am fòn cuideigin gu seirbheis an smàlaidh. Fuirich aig an uinneig fhosgailte

## **A' dèanamh cinnteach (air a leantainn)**

- 4 Ma tha thu air a' chiad ùrlar, 's dòcha gum faigh thu air cluasgan no cuiseanan a shadail sìos agus thu fhèin a leigeil sìos o shòl na h-uinneig. Ach na feuch air an seo nas lugha na dh'fheumas tu
- 5 Ma tha dithis inbheach ann, bu chòir aon duine a dhol a-mach an toiseach airson beireachdainn air a' chloinn. Gabh air do shocair leotha agus sìn a-mach air d' fhaid mus leig thu às iad
- 6 Cha bu chòir do dhuine leum idir
- 7 Ma tha thu air ùrlar nas àirde, sìn thu fhèin a-mach air an uinneig airson èadhar gus an tig an luchd-smàlaidh

### **Ma thèid d' aodach na theine**

- 1 STAD, THEIRIG air an làr agus ROILIG airson na lasraichean a chur às
- 2 Ma thèid aodach cuideigin eile na theine, cleachd plaideachan, bratan no còtaichean tiugha airson na lasraichean a chur às

### **Sàbhailteachd chloinne**

- 1 Na fàg maidseachan no lasadairean far am faigh clann thuca
- 2 Na fàg coinnlean a' gabhail gun duine mun cuairt
- 3 Feuch gum bi gèardan suidhichte air teineachan agus teasadairean
- 4 Cùm dèideagan barrachd air meatair (3 troighean) bho chàil a tha teth. Ged nach deigheadh na dèideagan nan teine, dh'fhaodadh pàiste a bhith air a losgadh

## 10 prìomh phuingean

- 1 Dèan plana TEICHE an-dràsta fhèin
- 2 FEUCH a-mach am plana còmhlaid ris an teaghlach
- 3 NA STAD airson rudan prìseil
- 4 ÈIGH airson rabhadh a thoirt dhan teaghlach
- 5 CÙM thu fhèin ìseal – tha an èadhar nas glaine agus chan eil i cho teth faisg air an làr
- 6 NA DÈAN RANNSACHADH – cùm na dorsan dùinte
- 7 Mura bheil dòigh shàbhailte ann air faighinn a-mach, cuir a h-uile duine ann an seòmair sàbhailte
- 8 Na leum a-mach air uinneig idir. 'S dòcha gun tèid agad air thu fhèin a LEIGEIL SÌOS air cluasagan is cuiseanan. Ach na dèan seo nas lugha na dh'fheumas tu
- 9 Ma BHRISEAS tu uinneag, cuir rudeigin air uachdar oirean biorach mus sreap thu a-mach
- 10 AON UAIR 'S GU BHEIL THU A-MUIGH – FUIRICH A-MUIGH – FÒN 999

## NA TOIR ÀITE DO THEINE



Tadhail air [www.dontgivefireahome.com](http://www.dontgivefireahome.com) airson comhairle air sàbhailteachd teine. No bruidhinn ri luchd-smàlaidh na sgìre agad. Gheibh thu fiosrachadh air an làraich-lìn, san leabharlann no ann an leabhar a' fòn.